



6.8

H.M. 171.

263

Very faint handwritten text, possibly a name or date.





AN ELEGY

ON THE LATE

REVEREND JOHN HENDERSON, ESQ.

OF REDCASTLE,

And other Poems.

MARBH RANN

AIR AN

URRAMACH TATH GIBNIDIE,

MINISTEIR BHA ANNS A CHAISTEAL RUADH,

MAILLE RI ORAINEAN EILE.

LE DOMHNUL MAC-AN-T-SHLINNEIN,

LOCH-BHRAO IN.

INVERNESS :

PRINTED BY A. MATHESON, GRANT'S CLOSE.

1841



A. MATHESON, PRINTER, GRANT'S CLOSE, 18, HIGH STREET.

LAURISTON CASTLE
LIBRARY DEPOSIT

M A R B H R A N N

AIR AN

URRAMAGE IAIN CENNEDIE,

MINISTEIR BHA ANNS A CHAISTEAL RUADH

AIR FONN—“ *Oran Clarsair Mhic Leoid, 'sam
Mac-talla.*”

'N SGEULA fhuar mi Di-luan,
Chuir e m'intinn fo ghruaim an drasd' ;
'S gus am mulač 'Chuir 'uam,
Ni mi'n t-aobhar a luaidh an dan :
Ged tha 'm bron na ni cruaidh,
'S gur h e fheuchain' chuir' uain a b'fhearr,
Iarraidh nadur air uair
'Bhi ga altrum le truas, 'us blaths'.

Ah! a theachdaire chruaidh,
Tha gun ghradh, tha gun truas gun daimh,
Nach dean saibhreas no uaisl'
Nach dean maise no buaidhean aillt',
Thus' a chumail 'uain uair ;
'S tric gun rabhaidh 'bhuill' fhuar o d'laimh.
'S iomadh cridh' rinn thu truagh,—
'S cùis eagail 's gach uair thu bhàis.

'Nuair a thig thu le strachd,
 Cha 'n'eil arm a ni sta no dian :
 S cha dean purgaid no plasd'
 Do chuir seachad, ach trath do thiom.
 Nuair a thig thu gu blar,
 Bidh nam feachdain mar sgail le t-fhiamh ;
 No mar fhaileas gun tath,
 'Nuair a theirgeas a la, 's a ghrian

Mheall thu miltean na'n ruin,
 Nach do dh' aithnich do luth's do luaths' :
 Iad ri aidhear 'us muirn,
 'S iad air bheachd thu bhi nunn air chuan :
 Ach sann 'bha thu 'sa chuil
 Le do chlaidheamh 's e ruisgt' gun truail
 Na do ghadaiche dán',
 A rinn creach dhiubh gun dail do'n uaigh.

S' mòr do chumhachd a bháis,
 Nach dean fileantachd Bhaird a luaidh.
 Sluagh an domhain fo d' smáig
 'S ionan Rìghrean 'us Trailean truagh.
 Thu na 't uamhas do phairt,
 'S na do gheata roimh'phairt rè'n cuairt,—
 Ann am fasach a bhroin,
 Gus am meal iad a ghloir 'tha shuas.

Rinn thu spuileadh 'san tirs'
 A rinn iomadaidh firean truagh
 Nuair a rinn thu le scrib
 An ceann iuil anns gach ni thoirt' uath
 Co a's urrainn duibh inns' ?
 Co a mheasas do rìreadh luach ?
 Fear 'bha riaghladh a ghrais
 Air an talamh fo'n Ard Rìgh shuas.

Bha aig' creideamh le steigh
 A bha daighean 's bu leir dha bhuaigh.
 Bha aig' leigheas gach creuchd
 A rinn peacadh na eucail thruagh ;
 Bha aig' solus ro mhor,
 A bha sgaoileadh a cheo's gach uair ;
 'Bha cuir dubhar 'san ròd
 Air a chreid'mhach, o ghloir bhith-bhuan.

Bu dhrúight' briathran o bheul
 Mu na dh' fhullaing Mac Dhe do chradh ;
 Dh' fhag sinne fo fhèich,—
 'S mar a chairich E'm beum le bhas ;
 'S ma bha sinn ann am pein,
 Gu'n robh comhfhurtair reidh gach la :
 Gu'n robh lighiche treum ;
 ,S gum b' e'n lighich, Mac Dhe ar slaint.

Cainnt chumbachdach chiuin
 Ann a theagasg, 's i bruchdadh graidh
 Do na cridheachan bruit'
 I na h ola gu'n ungradh tla :
 Mar na blathaibh gun luth
 Leis an dealta ni cubhraidh fas :
 Bhidh na cridheachan cuirt
 Air an altrum a dh' ionnsaidh grais.

Puincean dorch air an t' sluagh,
 'S iad na'n curam 'sna'n 'cruas, do phairt,
 Mu na ruintean tha shuas,
 Bha ga'n cumail gu truagh an sas,
 Aig an lagh iad a thruaill,
 Thug an coinseas dhaibh tuar a bhath ;
 'S dh' fhag sin iad fo ghruaim,
 'S dh' fhag sin iad gun smuain na thamh.

Dh' fhuasgladh Esan gu'm miann,
 Uile Cheisdean mar dh' ioc dha gras ;
 'S' bhiodh iadsan bha'm pian,
 Air an tabhairt a lian a bhais :
 Mar a sgaoileas a ghrian
 Na neoil thiughadh gun sian na'n aít',
 Dh' fhogradh Esan gach fiamh
 Bha 'g an cumail-sa riamh an cradh.

Nuair bhidh cogais mar long,
 'S i fo chis aig gach tonn a b' aird'
 Dh' aindheoin dichioll na'n sonn,
 Air a h iomain ann unn 'sa nann :
 Amhuil creid'mhach fa dheoigh ;
 Ni na tonnan e n Iordan fann ;
 'S e gun chinntas a bheo,
 Ach an ruig e'n tir mhor tha thall.

Cha robh teagamh 'sa chuis
 Nuair a ghabhadh E'n stiuir na laimh,
 Ged' bhidh toinn air a cul
 Bhidh mar bheannaibh nan stuchd cho ard :
 E cho treubhach 's cho seolt',
 Ann am misneach 's an eolas cuain,
 'S dh'aindheoin beucadh thuinn mhor,
 Dheanadh calla na gloir do'n t sluagh.

Bha e soilleir do phairt,
 Iomadh ni ann do chach mur sgleo,
 Chuala mis' iad agradh,
 Gu'n robh Iain na fhaidh mor ;
 Sin gach Diadhfhear a b' fherr ;
 Cuid uach mairean 's tha pairt diubh beo ;
 Gum b E solus glan iuil,
 'S gum bu reul E nach muchadh eeo.

Anns a mhias fhaoilidh mhai,
 Seinnidh Ianliath gu h-aillt' a ceol.
 Fasaidd coille fo bhlath
 S iomadh nì' bha ri bas thig beò.
 So an t-am san taobh-tuath,
 'Sam bi saighd'earan suaint an ait,
 Tha fo bhratach an uain,
 Tighinn a chruinneachadh sluaigh gu chaisg.

An Co-sheirm ris na h eoin,
 Sinidh 'm pobull air ceol a sheinn ;
 Cuid le cridheachan leoint',
 'S cuid le cridheachan feol' ge binn :
 Cuid 's iad ionan 's gun deo,
 Anns an d' tig anam beò ri linn,
 A theid dachaidh fo bhròn,
 S aig 'm bi sonas ri 'm beo g' a inus',

Aig an t shacramaid naomhs',
 Chi sinn toradh a ghaoil fo bhlath,
 'S cuid aig peacadh air thaod,
 'S e 'g an tarraing na'n caoirr o shlaint.
 Chi sinn cuid laidir òg,
 Rinn an ciontan dhiubh, deoir na 'n tuar.
 'S cuid le aois bhios gun treòir,
 'S iad mar stailin fo'n òrd 's i fuar.

B'aithne dhasan gach doigh
 Ann an cridh' bha leoint' no maoth,
 'S le cainnt mhilis a bheoil
 Thigeadh frasan a gloir mar bhraon :
 'Bha so taisbeant' an deoir,
 'S bha e soilleir am bron maraon,
 'S thug e toradh gach lo,
 'S thug e sonas us beo dhaibh 'gaol.

Their mì facal mu ghnaths'
 Th' air a chleachdadh aig Caisg an Uain,
 Leis na gaisgich 's gach cas.
 Ann an aobhar a ghrais thoirt buaidh :
 Uair le claidheamh na laimh
 Cumail feadhain bhiodh dana 'uath
 'S uair le geallaidhean tla
 A' toirt naimhdean gu gradh bho fhuath.

'S iomadh saighd'ear tha treun,
 Agus lighich ga réir nach fann,
 Ghearras peacadh na bheum',
 'S iad a leigheas na'n creuchd 'san am :
 Tha Mac Dhomhnuil 's a chéums',
 Mar tha fios 'nar tir féin 's na gall,
 Na fhear buaighean cho tréun,
 'S gu'm foghnadh e fein do champ.

Tha iad lionmhor san tirs',
 Tha na 'n siosgeulaich phriseil graidh :
 Iad ag obair gu dian,
 'S iad gun fhalt orr' le pian a's spairn
 Iad na 'n soluis gu léir,
 Tha na diadh' earan féin ag ràdh,
 Ged nach cuir iad an céill
 Co am fear aca reult is aillt'.

Ach mar uiseag thar eòin,
 Ann an ionad a cheoil cho àrd ;
 Ann am barail an t sloigh,
 Bha aig Iain an corrs' air each
 Ann an comuinn ri glòir
 B e 'n soisgeul a lòn gach là.
 'S fear na dhiadh'achd cho mòr
 Cha 'n eil cunntais air beò 'san als'.

Bha aig' diadhachd mhòr,
 Nach dean peann duibh no beòil a luaidh
 O n' bha deachdadh fadheòigh,
 Air a gintinn bho ghloir an uain.
 Cuid le 'm faict' i na leòis,
 'S cuid le 'm faict' i na lòchran suaint',
 A bha dearsadh a ghnath
 Air an t-slighe gu pharas buan.

Ach mo thruaigh 's ar bron !
 Gu'm bheil iòmadaidh gleòn 'san am,
 Aig am boisgich na leòis,
 Mar gu 'm biodh iad an ceo sa ghleann ;
 Iad ag imeachd gun treoir ;
 O n' tha t-slighe nach eol duinn cam :
 'S dh' fhag sin sinn fo sgleò,
 'S dh' fhag sin sinn nar deòiribh fann.

An ni 's maisiche béus
 Ma gheibh sinne dheth féum gach là,
 'S gann a sheallas sinn géur,
 A cuir suim ann mar stéigh ar slaint.
 Tha 'san Duthaich so féin
 Iomadh sochair thar céudan àit',
 A tha nadur na speur,
 'S air a bhrùchdadh a beul bheann àrd.

'S ged is sonas e 'n tiom,
 Nach eil solas da 'n ìomaisg ann ;
 O na tha e gun phrìs,
 Cha 'n fhaic cuid e ach dibli fann.
 Tha so soilleir na leòir,
 Gu 'm bheil daoine fo sgleò no dall,
 A' cuir cul ris a chòir
 'S dol na caonaig 'g an deoin gu call.

Sibhse bh' aige n'ur treud,
 Thugaibh aire dhuibh fein gun dàil,
 Mu n'ur sealladh bhi géur
 Gu bhi 'g amharc air steigh n'ur slaint.
 Chì na daoine gun cheill
 Tric an amaideas fein 'n deigh laimh :
 'S tric a fhuar iad deth féum
 Bha na shonas doibh fein 's do chách.

Sibhse a threudan an uain
 Ann a sgìrr', 's mu'n cuairt 's gach áit',
 Nach 'eil ni-eigin uaibh,
 Ged tha feur air gach bruaich a fás ?
 Nach 'eil laganan uain'
 Bha gun fhios do gach buachaill áigh ?
 Anns am bitheadh sibh uair,
 'Nuair bhiodh Iain mu'n cuairt do an ál.

Sibhse tha 'nur cinn iuil,
 Thugaibh aire gur fiu an trèud,
 'S gur h e maise 'n'ur cliu,
 E bhi soilleir 'ur ruin gu 'm feum,
 Gun an inntinn ro árd,
 Ach an soisgeul a ghnath mar stèigh ;
 'Deanadh obair gach la
 A bheir toradh fo bhlath do rèir.

Gu ma fada 'uam cháils'
 A bhi tabhairt mar namhaid bèum
 Tog a choinseas do lamh
 Dean mo stiuireadh o chas 'sa cheums ?
 Ach cha 'n 'eil Rìoghachd no al,
 Nach d' rinn soilleir dhuinn páirt gun cheill ;
 'S deth na h-Abstoilean graidh,
 Nach robh aon ann a da fhear dheug.

Ach sann tha mi gun iuil,
 Mar a bhuineadh dhomh chuis a rádh.
 Tha mi dall air leth-shuil,
 'S cha 'n innsear a chliu 'nam dhan.
 Cha 'n 'eil cumhachd nam theud,
 Gu 'n cuirinn deth 'n cèill ach pairt.
 Gneth chronan no seisd,
 Mur gu' labhrainn leam fein 'nam thamh.

MARBH-RANN DO MHRS. AILEIN,

CINN-A-CHAIRDEAN.

B' ann do fhasan na gaidheil,
 A fhuair cumhachd thar each air a cheol,
 A bhi 'g inns' ann an danaibh
 Fìor ghaisgeantachd 's nadur na'n seoid,
 'S gach buaidh a bha fas riu,
 Gu teasgasg an ail a bha òg ;
 'Chum 'nuair ghlacadh am bas iad,
 Gu'm maireadh an talaintean beò,

Chaidh 'n t-am bha sin thairis ;
 Am 'n robh 'n duthaich fo aineolas mhòr :
 'Nuair bha daoine na'n cleachdadh,
 Mur tha bruidean an achaidh air dòigh :
 'Nuair bu gheur-lannain glasa,
 Bha mur bhreitheamh gu ceartas, 'us còir :
 Nuair b'e 'm meirleach bu ghasda,
 Airidh b' fhearr air an annir bu bhòidh'ch

Gloir siorruith do 'n Ard-Rìgh,
 A thug solus neo-fhailleanach dhuinn :
 Thug E soisgeul na slainte
 Thug E cumhachd do Dhaibhidh gu seinn.
 Chi sinn rathad gu gras leo,
 Agus lon leis an sasaichear sinn.
 'S nuair thig sgaradh na tra oirn,
 Ni sinn comhnuidh am pharas a chaoidh.

'S lionmhor buachaille treubhach
 A tha cathris na treud anns a ghleann,
 'Us tha stiùiredh a ceumain
 Air an t-sligh nach leir dhuinn tha dall :
 Madadh allaidh cha reub iad,
 No leomhan ge bheuc e gu teann ;
 Ni an teine le 'èifeachd,
 Am fuadach gu leir feadh na 'm beann.

Tha cuid do bhuachaillean againn,
 'S O ! gur truagh a tha n cleachdadh gach lò ;
 A tha 'n comhnuidh na 'n cadal,
 'S an cuid treud air a sgapadh gun seol ;
 'Dol am puill 's am bacaibh,
 'S' dol a dhì ann a beannaibh a cheò ;
 'S iad gun diu ciod e thachras,
 Ma bhios eudach ac', aran,' us òr.

Eachain Ailein a chairdeis
 A tha 'n Sgìrr' Chinn-a-Chairdean so thall,
 'S tu nach faiceadh 'an gabhadh
 Aon do 'n treud gun a tearnadh a call ;
 Le do chomhairlean gradhach,
 'S le do mhaoin, na'm b' e an cas bhiodh ann,
 Mar tha 'n t-Abstol ag iarraidh,
 'S tric a gheibh sinn do ghniomhsa gach am.

'S lionmhor criosdaidh tha 'n eigin,
 Leis an olc tha na leirsinn gach là :
 'S iomadh eucail' 'sa chreutair,
 Gus an cridh' aige reubadh le cràdh :
 'S ged tha thus' air na ceumaibh
 Gus a chomhnuidh 'm bheil eibhneas a ghnath,
 Bàs do mhna 'us do cheud-ghaoil,
 Bheir ort nadur gu'n geill thu do chràdh.

'S beag an t-ionagh sin tachairt,
 'S tus' a chaill Bean na maise bha mor,
 Bean a' mhin-shealladh channaich,
 'S gnuis mar ghrian ann am maduinn gun cheo.
 'Nuair us ciuin bhios na speuran,
 'S an driùchd deanamh aoibhneach na lòin,
 B' amhlaidh sealladh na tè ud,
 Bha na h-ailleagan ceutach 'measg slòigh.

Chaill thu, lèchran aluinn,
 Dheanadh solus na t-fhardaich 's gach uair.
 Chaill thu neach dheanadh pairt riut,
 Na'm biodh tu 'n cás no fo ghruaim :
 Chaill thu neach am sòlais.
 Dheanadh dubailt 's còrr e le buaidh :
 'S iomadh ni' nach gabh inns' air,
 A bha chomhnuidh am min-bhean na suaire'.

Chaill na bochdain am piuthar ;
 'S trom an osnadh th' aig cuid diubh 'ga luaidh :
 'S clann gun athar am mathair,
 Dheanadh fùrtachd gach la air an cruas.
 Chaill iad cridhe bha baigheil,
 'San robh iochd agus cairdeas us truas :
 Aon cha'n urrainn dhomhs' aireamh,
 Trian le iochd thug a laimh-ghéal ud bhuaith.

'S ainneamh caraid ri 'm faotain,
 Gu'm bi 'n intinn mar aon 's an lamh ;
 Aca teagasg clann daoine,
 'S a bhi tabhairt am maoin doibh le baigh ;
 'S a bhios iochdmhor ri fèumaich
 Mar tha 'n litir aig Séumas ag ràdh
 Bean na maise 'sa Cèile,
 Sud an obair bu bhèus doibh a ghnàth.

'S e gun dh' fhag i cho luath sinn,
 Chuir an Sgìreadh fo ghruaim 's an cás,
 Ach tha solas car uair aca ;
 O na chì iad a buaighean gach la,
 Tha cuid plantanan oga,
 Ann a suidheachadh bòidheach fo bhláth,
 'Us ma tha Is' ann a solas,
 Nach amaideas moran do chrádh.

'S ma tha bás nur co-chréutar,
 Ga nur cuir ann an éiginean mhòr,
 Thugaibh aire le deuraibh
 Ga'm bheil sibh mur an ceudn' air an ròd
 Craobhan òg ann an tus-bhlath,
 Chi sibh seargte gu dlu anns a choill,
 'S neach na shlainte 'sa mhaduinn,
 Air an t-shiorr'achd mu'n caidil sibh 'm oi'ch'.

Cuiribh beachd air na saorsa ;
 'S cuiribh beachd air mar fhaodadh sibh bhìth,
 Cuiribh beachd air clann daoine,
 'S cuiribh beachd air gach caochla 'nam measg.
 Cuiribh beachd ciod e b' fhiach sibh,
 Reir cleachdadh na'n gnìomhaire tric.
 'Nam faigheadh duine mar thoill e
 Nach e craobh ach a choill dheant' a sgrìos.

'N Ti 'rinn neamh agus talamh
 Rinn E ghrian, rinn E gheallach, 's gach real :
 Rinn E chollainn 'san t-Anam,
 Is E thug 'uaibh bean na maise gun bhréug.
 Co is urrainn air agairt ni 'sam bith,
 Ach mar 's taitneach leis fein ?
 A ni na 's mo le aon fhacal,
 Na gach teanga tha labhairt fo n' ghréin.

M A R B H - R A N N

AIR

U I L L E A M O G M O R A I D H ,

TIGHEARN GHAIGHEAN.

AIR FÖNN—" Rudhu rioghail na learg."

Leam s duilich an sgeula,
 Thug an t-eug do na bhaile,
 'S cha'n e mis' ach na ceudan,
 Tha neo-eibhinn ri' facan.
 O ruinn port an Tarbairt,
 Gu garbh-chrìochan Asain,
 'S iomadh guth tha mi cluinntinn
 A tha caoidh 'n fhear nach mairean.

'S O na 'n deanadh é sta dhuinn.

A bhi craiteach fo mhulad,
 Bu ni dligheach sin dhásan,
 Do 'n d' thug nadur gach subhaile' ;
 Gu bhi meudachadh sòlas,
 'Us a cuir bron o gach duine,
 Bho na h-uaislean is soghail,
 Gus a bhroinean bu luidich. ,

Bha e tearc fo 's cinn tuatha,
 Thug an suairceas air barrachd.
 Cha'n fhaiceadh sibh gnuis-gheal,
 Na bu chiuin' no bu tarais ;
 No cridhe bha cho bláithe
 Ris an áiridh, na caraid,
 No cridhe bha cho báigheíl,
 Ris a chraiteach bhochd fhalaimh.

Do na h uile fhuair sgeoil air,
 Ni an comhradh dhuibh athesis,
 Ach 's e iadsan dom' b' eol e
 Dh' innseadh morachd a mhaise :
 Nach robh 'choimeas 'sna crìochans',
 Ann an gnìomhaireadh taiteach ;
 Aig am b' ainneadh bha naimhdean,
 Agus cairdean cho pailt ris.

Fear an dreuchdan cho lionmhor,
 Cha robh riamh anns an talamhs',
 Air an òr b' e m fear riaghlaidh,
 Iomadh bliadhna na Bhanc-fhear.
 Aig' coig Tighearnain fiachail,
 B' e 'n Seamairlean maiseach.
 Le gaol Thighearnan 's Tuatha,
 Gus an uaigh 'san deach stad air.

O sgeula na doruinn :
 Sgeula bròin e do-labhairt :
 Bhuille ghoirt sin a leòn iad,
 Ann am mor-bheinn us machair,
 An latha dh' fholaich am fòd,
 An airde ghloire 's neart e,
 Mar ni reothadh air blaithean
 Ann an ailleachd am maise.

Ah ! a bhoichdanan trugha
 Chuir na h-uabhraich gu ainis,
 A chuir fortan gu tuath bhuaith' ;
 'Us chuir fuachd oirbh 's acras.
 Shibhs' nach urrain a phaidheadh.
 Tearc am mal air an latha,
 Co a nis a ni baigh ridh
 Ann an aite nur caraid ?

Co a nis a ni éisdeachd
 Ris gach éigin a th' agaibh ?
 Co a nis am fear eudmhor
 Gus an eigin a chasgadh ?
 Co a chumas bho 'n treud sibh
 Leis am b' èibhneas na creacheadh ?
 O nach mairean an treun-fhear.
 Bha na sgéith dhuibh, 's na chlaidheamh.

Sibh mar pharantán aosmhor,
 'S a mac-gaol doibh na bharant,
 Air na leag iad an dochas,
 Gu ma sholas e 'n tasgeadh :
 Us iad gu'n churam gu brath,
 Ma eudach, mal agus aran,
 Thainig litir am mareach,
 Sgeula-bhais, 's bha iad falaimh.

Tha cuid eil' dheanainn aireamh
 A tha baite le mulad ;
 A chuid Buachaillean fasaich
 Ch' uile la tha 'g a thuireadh :
 Ged tha 'n earbsa na bhrathair
 E bhi ghnath dhoibh na bhunait',
 'S 'g ann lughdaich sin cradh dhiubh.
 Leis a ghradh bh' aca dh' Uilleam.

Bheiream comhairl' air Seoras,
 'S b' e mo dheòin e da gabhail,
 Es' a leantuinn a dhoigheans',
 Mar ni oir-dhearc' a mhaireas :
 Ach ma bhios e gu'n diu dhoibh,
 Ach a cuinneadh ga thaisgeadh
 Bi'h chuid cloinne ro bhrònach.
 Gu'm b' e Seoras an athair.

Am fear is mo ni' shaothair
 Bios e 'n caonaig gu minig,
 Iadsan 's liugh', a ni bhiatheachd,
 Tha iad lionmhor gu'n phiseach,
 Am fear furanach fialaidh
 Nach d'rinn cliabadh na mhisneachd,
 S tric a gheibh e 'reir dòchais,
 Ciod an còrr bhi'dh e sìreadh ?

A Thi-mhor a tha riaghladh
 Ch' uile sian tha gu maith dhuinn :
 Tha do mhiorbhuilean lionmhor
 Na 'm biodh ciall idir againn.
 Gheibh sinn strachdean mar's miann leinn,
 'S cha bhi sian nach bi taitneach.
 Ach an aon uair is fearr sinn
 Sin an trath, bhios sinn falaimh.

CLIU 'NAM BARD.

*Air do Chamashronach agus Baillidh bhi 'g radh
nach robh Bard ann a riamh cho maith ri Dun-
nachadh Ban Mac-an-tshaoir.*

Cha dean mi farasda striochdadh
Do 'n ni clì ged tha mi bochd,
Do chamashronach no do Bhaillie ;
Ge do tha e àrd an stoched.
Labhramaid gu ceart an fhirinn,
Gu dìreach, miliosda, stuaim,
Dh' fheuchainn air feobhas na'n dàin,
Am Bard a b' fhearr, bha 'san taobh-tuath.

Ma 's e subhaile, cuimse facail.
A' labhairt gu grad, 's gach uair,
Gun chearb air 'nuair readh a chantainn,
'S bheireadh toileachas do'n t-shluagh.
Riamh air fhacal nach do thuislich,
Fear a b' ullamh air na rainn :
Ch' uile fear 'g an leir 's a chunnaic,
Bheir e'n t-urram, do Mhac-Aoidh.

Ma tha tlachd am briathran ciuin,
 'Us teud a chiuil 'gan deanamh tlà,
 'S samhlaichean gu min-réidh farasd',
 S iad neartmhor, gun idir spàirn :
 Dheanadh oran milis gaoil,
 Am briathran caomh gu neo- chiontach,
 Cha chuala sinn, ann an Gaidhlig,
 A thug bàrr air Uilleam Ròs.

Ach na'n rachamaid do bheannaibh,
 Far am biodh an canach dlu,
 'S far am faighte a ghreadh eangach,
 'Dìreadh ri' meallan na'n stùchd ;
 Co am fear do 'm b' aithne 'n cronan,
 'S na lusain do 'm b' eol gach aon ?
 Na cuireadh iad ceart an òrdugh,
 Ach Dunachadh mòr Mac an t-Shaoir.

'S ged bha gibhtean aig Mac Dhomhnuill,
 Chuireadh gu co-stri na gaisgich,
 'S gach buaigh a bhuineadh do nadur,
 Mar a dh' fhas iad bhi 'g an aithris,
 'S ioram-cuain an cainnt cho ladir,
 'S nach cualas Bàrd thug air barrachd ;
 Cha robh e na Dunachadh Bàn,
 Ni b' áird' an ailleachd a chuid beachdean.

Tha cumhachd dáin am Beinn-Dorain,
 'N coimeas ri' Morag ge maiseach.
 Tha fileantachd, 's buig' a cheoil innt'
 Ged tha sgòid air cuid do rannaibh,
 Tha saighead cupid na shár-ghuin,
 A chuir Mari-Bhán na bhroilleach,
 'G innse tlaths 'us caothach graidh dhuinn
 An cumhachd dáin tha na onair.

Bha 'bhuidhean fein aig' gach aon diubh,
 'S sheall iad e an caochla doigh
 Mar Fhiodhull, Duisiol gu h-áillte,
 Piob, us Clársach, cuir ri'ceol.
 'S ge do theireadh fear an áireamh,
 Gu'm b' e Chlársach Ban-Rìgh 'cheoil,
 Cha bu dhearbhadh sin air aillteachd,
 Gu an d thug ì, thar cach an còrr.

Tha cuid ann tha pailt an storas,
 'Us tha cuid-mhor dhiubh deth na bheachd,
 Gu'm b' e 'n gliocas fein 'san seoltachd,
 Dh' fhag an t-òr aca cho pailt.
 Ach ge robh ealaichean deth 'n or ac',
 Agus dròbhain air na blair,
 Cha d' thug sin doibh ciall no eolas,
 Co am fear orain a b' fhéarr.

Tha cuid na'm barail tha daighean,
 'S mar an droighean tha cho gréang,
 Ga b' e bhìos iad ceart no'm mearachd,
 Cha'n eil' an aire ach air spraig.
 Labh'raibh iad am briathran bras,
 Air nì nach fac' iad, 's nach robh ann,
 Le guth-ard, s le faoineachd facail,
 Co is tapaidh ann 'n ceann.

Tha cuid 's their iad fein gur Baird iad,
 Ge 'n d'thoir iad, ach dan air éiginn,
 Ach 's lurach i bhios gun aillteachd,
 'Us cha chuireadh fear ceairde bréid oir':
 Tuthag oirre deth gach seorsa,
 Gun fhuaithéal boidheach air té dhiubh,
 Na pilleag gu rìbphuilleach, rapach, breòite,
 Gun fhiu sgeòid, anns am bi feum dhi.



O R A N.

AIR FÒNN—"Oran an Reiseamaid Dhuth."

Air Di-mairt dhomh 'n Dun-eidin,
 Bha m' intinn mi-eibhinn,
 Le beurla 'ga h-eisdeachd,
 Leam fein i cha b' fhiu :
 'S mi falbh air na sraidean,
 Gun ghean no gun ghaire,
 Gun storas gun chairdean,
 'S mi craiteach 'us ciuirt,
 B' e 'm ealainn 'san trath sin,
 Bhi falbh anns gach aite,
 Le leabharaichean dain,
 'Cuir mo thalant am mòid ;
 'S mo dhochas gu laidir,
 An gaisgich na'n ard-bheann,
 Gu'm feuchadh iad cairdeas.
 Do Bhard 's do fhear du'ch'.

Cho maith 'sa bha m' earbsa,
 Mar sin gu'n do dhearbh dhomh.
 Fir chridh' glan na'n garbh-chrioch
 A dhearbh bhi na'n seoid

Fìor chlanna na'n gaidheil,
 'S mils' a ni manran,
 'S a dh' fheuchadh do 'n naimh'dean,
 An gairdean 'n robh treoir,
 Fir chridheil, fir eibhinn,
 Fir modhair, fir bheusach,
 Fir daimheil do cheile.
 Nach geill do mi-choir.
 Fir criosal, phairteach,
 Fir uasal na'n nadur,
 Nach geilleadh do 'n naimh'dean,
 Am blar, 'us iad beo.

'Nis, a chlanna na'n gaidheil,
 Tha m' earbsa gu laidir,
 Nach caill sibhse an daimh
 A bha gnathach do'r seors',
 Gu'n taisbean sibh cairdeas,
 'Us meas air a ghaidhlig,
 'S nach leig sibh am bas di,
 Gu brath 'us sibh beo.
 Tha feadhainn ag radh ruinn,
 Nach fiu i mar chanan;
 Cha'n eòl doibh a h-aillteachd,
 O n' tha i cho mòr.
 Seinnibh cogadh no gradh leith.
 Molaibh 'n Cruithear Ard leith,
 Ciod a chaint tha cho laidir.
 An tabhachd 'san gloir?

Tha mis' air mo ghluinean,
 Ag guidhe ri m' dhuthaich,
 Nach leig sibh air dhi-chuimhn',
 Luchd ciuil le mi-spéis :

Tha phiobaireachd ainmeil,
 Ceol aidheireach foirmeil,
 Ceol cogaidheil colgarr',
 Ceol stoirmeal gun teud
 S i 'naird air a ghuallainn,
 Aig' gaisgeach na 'm fuar-bheann,
 A sheasas gach cruadal
 , S bheir buaidh anns gach streup.
 Nuair a sheinneadh e ceol leith.
 'S i gleust' ann an ordugh,
 A chnagaidich mheoirean,
 Bheir iad solas do cheud.

Mu bhuidhean na bardachd,
 Cha labhair mi dana,
 Ach mar fiu i n'ur cairdeas,
 Theid a ghaidhlig an éis.
 Is i mathair gach ciuil i,
 'S i onair gach duch' i,
 Is i ban-righ gach sugradh,
 'S fhuar i cliu ann an ceill.
 Gu'r taitneach le aois i,
 Gu'r beatha do 'n ghaol i,
 Do n' chridh' bheir i faotheadh,
 Am faonach leis fein.
 Is i solas na gruagaich,
 Is i cuideachd a bhuachail'.
 Bleodh'nar feudal air buaile,
 Gun bhuarach le'beus.

Ach mur creid sibh mo sgeulsa.
 'S nach fiu e ri' eisdeachd,
 Gu'n lasaich mi 'n teud
 An Duneidin codhiubh :

Ged tha mi gun stòras,
 Gun treud air na lointean,
 Tha m' intinn cho mor,
 Ann an doighean ri diuchd.
 Gu'n coisean mi'n t-aran,
 Le spaid agus matag,
 Na briseadh na'n clachain,
 Le scailcean an uird.
 Mu 'm bithinn na'm bhochdan
 A' falbh air gach dorus,
 Ged lionainn an sporan,
 Gun onair air chul.

Dhaindeoin eigin a fhuar mi,
 Air mo ghnuis a chuir gruaimean,
 Air mo chridh' chuir bruailleann,
 Thug buaidh orr' gu leir.
 A chainnt gun bhi suairce,
 Gun iochd innt' gun uaisle,
 O bhilean fear nabhreach,
 'Us e uamhor 'g a reir.
 Tha beum o fhear onair,
 Air duine bochd dona,
 Na shaighid a ghonas,
 'S a lot aig nach léir.
 A mhuchas a bhruidhinn,
 Us leonas an cridhe,
 Gun eolas aig lighich,
 Ni idir dha féum.

Nis soiridh leibh a ghaidheil,
 Ma tha mi gun talaint,
 Is fiu thoir fo's 'naird,
 Gu ma fearr thig am dheigh.
 'S e m' eud e 's mo dhurachd,

A ghaidhlig bhi muirneach,
 Na gaidheil bhi cliuteach,
 Us fiughail gu leir.
 Gu 'm biodh iad mar b' abhaist.
 D' a cheile mar braithrean,
 Na'n cairdean do bhairdibh,
 Reir aillteachd an teud.
 Gu manranach suairce,
 Gun ardan lan uaisl'
 Anns na blair a' toirt buaidh,
 Le nur cruaidh lannaibh-geur.

E L E G Y.

ON

M R S. M A C L E O D,

CLAIGEAN, ISLE OF SKYE.

Impell'd by all the praises which I hear,
 Fain would I sing, tho' simple be my lay ;
 But what have I from any one to fear,
 If genuine virtue guide me on the way ?

You who can judge of what is truly fame,
 Say, who are they should waken up the lyre ?
 Say, what it is should be the Poet's theme ?
 Sure it is virtues every one admire.

Shall such be then unheeded by the muse,
 While there's a ray of genius warms the breast ?
 No ; I will sing—tho' limited my views—
 Of her that was a model to the rest.

'Twas she in Claigean, in the Isle of Skye,
 (Ye gentle muses give me now your aid,)
 Whose sudden death made many a bosom sigh,
 Whose deeds on earth made many a bosom glad

Ye piteous crew, whom fortune had forsook,
 Who seek from door to door your daily bread ;
 Now where, ah ! where for comfort will ye look ?
 The queen of sweet benevolence is fled.

Ye strangers, too, whom fortune, fame, or chance,
 (No matter which) had brought you to the Isle ;
 Now closed the eye would give the placid glance,
 Now closed the lips would give the welcome smile.

But why repine, since nature has decreed,
 To most of things on earth to bloom and fade ;
 The frosty blast may spare a bitter weed,
 When oft the finest flower is lowly laid.

But still the odour which the flower imparts
 Will oft impress its beauties on the mind ;
 So will her deeds give pleasure to our hearts,
 Who was an ornament to human kind.

Then do not mourn, but to the Heavens bow,
 And utter praises to the power that lent
 To us a person, on the earth below,
 Who showed her actions, often like a saint.

But not like those who think it Heavenly grace,
 If they the most of human beings despise,
 Who fain would add a *cubit* to the face,
 And whose divinity are groans and sighs.

But like the sun, impartial in the morn,
 Who leaves the flower, the stone, and plant alike,
 Thus she would treat the wretched and forlorn,
 Soothing the hearts which did in sorrow ache.

Now, reader, tell me who, on earth below,
 Acts in accordance with the will of Heaven ;
 'Tis to the heart that feels another's wo,
 And feeds the poor, the preference is given.

Nay, hope and faith united may combine,
 Such the apostle has the words expres'd.
 Tho' tending all to make a man divine,
 'Tis charity can make him truly blest.

The sacred truth can any man deny ?
 If now she's happy, could you wish her more ?
 Yea, happy here, but happier far on high,
 The kind and tender-hearted to the poor.

The loss of her the rich and poor lament,
 Ah! happy they, who are beloved by all ;
 But since we can't the heavenly will prevent,
 Be wise, make ready for the heavenly call.

Lo! be like her to whom I tune the lay,
 Who felt to aid the wretched a delight ;
 Now is your time, behold the happy day,
 Ere clouds and darkness overspread the night.

Ere canker'd conscience like the billows roll,
 When Neptune calls his forces to the main ;
 Tossing about the frail distracted soul,
 My simple muse cannot describe the pain.

But O! the case of every one is sad,
 When life's delusive stage is at a close ;
 With heedless conduct, whether good or bad,
 Have ran their race, past pleasure than their woes.

Now, mark the good, with no remorse distress'd,
 With sweet composure they with heaven comply ;
 As when the sun in June sets in the West,
 When calm and clear appears the azure sky.

She, like a babe when smiling laid to sleep,
 Mild on the pillow down had laid her head ;
 Sure heavenly angels did their vigils keep,
 For unperceived the vital spark had fled.

ON TEMPERANCE.

I sing of a charming sweet maiden, I sing,
 To wise men a pleasure of virtue the spring,
 She's pleasant to view, like Aurora's first ray
 Approaching the mountains delighting the day,
 The aspect of health on her cheek you may view,
 In bloom like the roses when wet with the dew,

The bright glance of pleasure is seen in her eyes,
Like planets emitting their light from the skies ;
Her stature is straight, she is handsome and tall—
Backbiting or slander she knows not at all,
She is pure as the daisy that decks the May morn,
Or like the white blossom that buds on the thorn,
She is gentle and mild, like the evening breeze,
She is sweet as the honey that comes from the bees,
She is like the green ivy, the same all the year,
Unchanged in the colour though frost be severe,
O ! is she not charming, O, is she not rare,
O ! is he not happy will get such a fair,
O ! who but a wretch to his happiness blind,
That would not endeavour this fair one to find.

